

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

F

1540/404

(KU)

(ES)

Comharraidhean
Uile

--	--

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2009

DIMÀIRT, 12 CÈITEAN
9.00 M – 10.00 M

EACHDRAIDH
AN ÌRE CHOITCHEANN
Bun Ìre

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mìos Bliadhna

--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

Tionndaidh gu **duilleag a trì** nuair a thèid iarraidh ort.

Mus fàg thu rùm nan deuchainnean thoir an leabhran seo don fhreiceadan. Mur dèan thu seo dh'fhaodadh tu na comharraidhean air fad airson a' phàipeir seo a chall.

Na freagair ach **dà** choitheacsa:

aon à Aonad I

agus

aon à Aonad III.

Chan fhaod thu ach **dà** choitheacsa a dhèanamh.

[DUILLEAG BHÀN]

**Dèan AON Choitheacsa à Aonad I agus AON Choitheacsa à Aonad III.
Cuir diog ris an DÀ Choitheacsa a tha thu a' dol a fhreagairt.**

**AONAD I—ATHARRACHADH DÒIGH-BEATHA AN ALBA 'S AM
BREATAINN**

Cuir diog ri AON de na bogsaichean a leanas:

Coitheacsa A: 1750an-1850an Duilleagan 4-10

NO

Coitheacsa B: 1830an–1930an Duilleagan 11–16

AGUS

AONAD III—SLUAGH AGUS CUMHACHD

Cuir diog ri AON de na bogsaichean a leanas:

Coitheacsa C: AN RUIS 1914-1941Duilleagan 40-47

NO

Coitheacsa D: A' GHEARMAILT 1918-1939 ...Duilleagan 48-55

Sgrìobh do fhreagairtean san rùm a th' air a thoirt dhut.

Chaidh beagan atharrachaidh a dhèanamh air cuid de na stòran.

Tionndaidh chun a' Choitheacsa a thagh thu ann an Aonad I.

[Tionndaidh an duilleag

**Cuimhnich AON Choitheacsa a dhèanamh à Aonad I agus
AON Choitheacsa à Aonad III.**

Comharan

KU	ES
----	----

**AONAD I—ATHARRACHADH DÒIGH-BEATHA AN ALBA 'S
AM BREATAINN**

COITHEACSA A: 1750an–1850an

Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Faodaidh tu an t-eòlas agad fhèin a chleachdadh cuideachd.

Feuch ris a *h-uile* ceist sa Choitheacsa seo a fhreagairt.

Tha **Stòr A** ag innse mun diofar a bha fiosrachadh meidigeach nas fheàrr a' dèanamh aig an àm seo.

Stòr A

Bha an àireamh de dhaoine a bha a' fuireach ann an Alba a' dol suas aig an aon àm 's a bha fiosrachadh meidigeach a' fàs nas fheàrr. Bha Iain Mac Uilleim air a bhith ag obair mar bhreabadair ann an Sealltainn. Ach, na latha, chaidh aige cuideachd air seòrsa tràth de bhanachdaich a dhèanamh airson an tinneis ris an cante a' bhreac. Cha do ghabh mìltean de eileanaich a' bhreac air sàillibh na rinn e. Ann an Dùn Èideann agus an Glaschu bha trèanadh meidigeach nas fheàrr a' leigeil le dotairean mòran a bharrachd a chumail beò.

1. Ainmich dà **dhòigh** anns an robh fiosrachadh meidigeach nas fheàrr na adhbhar cudromach airson mar a bha àireamh an t-sluaigh a' dol suas.

1: _____

2: _____

2

Tha **Stòr B** a' mìneachadh carson a bha mòran an Alba a' gluasad bhon dachaighean air an dùthaich a-steach do na bailtean mòra.

Stòr B

Eadar 1750 is 1850 bha àireamh nam bailtean-beaga dùthchail an Alba a' dol suas agus bha iad cuideachd a' fàs nas motha. Nuair a ghluais na h-uachdarain daoine airson pàircean ùra a dhèanamh chaill mòran de na coitearan bochda am fearann aca. Mar sin chaill iad an dachaighean cuideachd. Fhuair cuid aca dachaighean anns na bailtean-beaga ùra. Ach cha robh bailtean-beaga gu leòr ann airson a h-uile duin' aca a chumail. Fhuair iomadh Albannach obair ann am factaraidhean nam bailtean mòra.

2. Ainmich **tri** de na h-adhbhair a bh' aig daoine ann an Alba airson a bhith a' fàgail an dachaighean air an dùthaich airson gluasad a-steach do na bailtean mòra.

1: _____

2: _____

3: _____

3

[Tionndaidh an duilleag

Comharan

KU	ES

Tha **Stòr C** ag innse mar a dhèilig an riaghaltas ris na Radaigich aig Bonnymuir.

Stòr C

Dh'inns dithis shaighdearan gun robh iad air buidheann de Radaigich le armachd fhaicinn. Chaidh òrdugh a thoirt do shaighdearan-eachraidh an riaghaltais na Radaigich seo a ghlacadh. Thàinig iad suas riutha faisg air Bonnymuir. Loisg na Radaigich air na saighdearan-eachraidh. Loisg saighdearan an riaghaltais corra urchair air ais. Chaidh ceathrar Radaigeach a leòn. Air a' cheann thall chaidh na Radaigich a chur an grèim.

3. Inns mu **dhà** dhòigh anns an do dhèilig an riaghaltas ris na Radaigich aig Bonnymuir.

1: _____

2: _____

2

[Tionndaidh an duilleag gu Ceist 4 air *taobh-duilleig a h-ochd*

Ann an Ceistean 4, 5 agus 6 's e an cuspair rannsachaidh:

A' bhuidh a bh' aig obair nam factaraidhean air clann ann an Alba tràth san naoidheamh linn deug.

Sgrùd am fiosrachadh sna stòran, agus freagair na ceistean a leanas.

Ann an **Stòr D** tha duine cloinne ag innse cò ris a bha e coltach a bhith ag obair ann am factaraidh ann an Dùn Dèagh ann an 1824.

Stòr D

A' chiad turas a chaidh mi a-steach do mhuileann- snìomh b' e madainn Dimàirt a bh' ann. Bha an èadhar cho làn de dhust is gun robh e gam thachdadh. Cha robh mi ach seachd bliadhna a dh'aois. Thòisich mi m' obair aig leth-uair an dèidh còig ach cha robh mi deiseil gu leth-uair an dèidh seachd as t-oidhche.

4. Carson a tha **Stòr D** feumail mar fhianais ann a bhith a' rannsachadh na buaidh a bh' aig obair nam factaraidhean air clann ann an Alba san naoidheamh linn deug?

Beachdaich air dè **na dhà** de na h-abairtean seo a tha ceart.

- A** Is e bun stòr a th' ann
- B** Is e stòr leasaichte a th' ann
- C** B' e duine cloinne a bha ann 's a chunnaic, agus a bha ag obair ann am factaraidh (muileann), a thuir seo
- D** Chaidh seo a sgrìobhadh le duine nach do rinn ach leughadh mu chlann a bha ag obair ann am factaraidhean
- E** Chaidh seo a sgrìobhadh airson sealltainn na bha clann a' buannachd bho bhith ag obair ann am factaraidhean

Sgrìobh an **dà** litir cheart sna bogsaichean.

<input type="text"/>	<input type="text"/>
----------------------	----------------------

2

Tha **Stòr E** mu dheidhinn cò ris a bha cùisean coltach anns na factaraidhean ann an Lannraig Ùr.

Stòr E

Tha na factaraidhean ann an Lannraig Ùr sònraichte glan. Tha fiù 's cùirtearan aca ris na h-uinneagan a deas airson na factaraidhean a chumail gun a bhith a' fàs ro theth. Tha mòran tìde air a chur air leth airson a bhith a' toirt foghlam don chloinn a tha ag obair annta. Is e maighstir math a th' ann an Raibeart Owen.

5. Coimhead air **Stòran D** agus **E**. An uair sin lìon a-steach an clàr seo, a' cleachdadh **ceithir** pìosan de fhianais uile gu lèir.

<p>Dè tha Stòr D air <i>duilleig a h-ochd</i> ag innse mu na buaidhean dona a bh' aig obair nam factaraidhean air a' chloinn a bha ag obair annta?</p>	<p>Dè tha Stòr E air <i>duilleig a naoi</i> ag innse mu na buaidhean matha a bh' aig obair nam factaraidhean air a' chloinn a bha ag obair annta?</p>
<hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/>	<hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/>

[Tionndaidh an duilleag

Comharan

	KU	ES
2		

6. Coimhead a-rithist air na freagairtean a sgrìobh thu airson Ceist 5.

A-nis sgrìobh **dà** cho-dhùnadh a tha thu air tighinn thuige mu na buaidhean a bh' aig obair nam factaraidhean air a' chloinn a bha ag obair annta.

1: _____

2: _____

[CRÌOCH COITHEACSA IA]

Tionndaidh a-nis chun an AON Choitheacsa a tha thu a' dol a fhreagairt ann an Aonad III.

**Cuimhnich AON Choitheacs a dhèanamh à Aonad I agus
AON Choitheacs a Aonad III.**

Comharan

KU	ES
----	----

**AONAD I—ATHARRACHADH DÒIGH-BEATHA AN ALBA 'S
AM BREATAINN**

COITHEACSA B: 1830an–1930an

Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Faodaidh tu an t-eòlas agad fhèin a chleachdadh cuideachd.

Feuch ris a h-uile ceist sa Choitheacs seo a fhreagairt.

Tha **Stòr A** ag innse mun bhuidh a bh' aig fiosrachadh meidigeach nas fheàrr aig an àm seo.

Stòr A

Bha an àireamh de dhaoine a bha a' fuireach ann an Alba a' dol suas aig an aon àm 's a bha fiosrachadh meidigeach a' fàs nas fheàrr. Dh'fhàs ospadail nas glaine nuair a bha tuigse nas fheàrr aca mun cheangal a bha eadar salachar is tinneas. Thòisich dotairean air gach uidheam a bhiodh aca a ghlanadh gu math mus cuireadh iad duine fon lannsa. Bha penicillin aca a-nis airson bacadh a chur air galairean. Bha buaidh mhòr aig na h-atharrachaidhean seo.

1. Inns mu **dhà** dhòigh san robh fiosrachadh meidigeach nas fheàrr na adhbhar cudromach airson mar a bha àireamh an t-sluaigh a'dol suas.

1: _____

 2: _____

2

[Tionndaidh an duilleag

Tha **Stòr B** a' mìneachadh carson a bha daoine ann an Alba a' gluasad bhon dachaighean air an dùthaich a-steach do na bailtean mòra.

Stòr B

Anns an naoidheamh linn deug dh'fhàs na bailtean mòra ann an Alba nas motha. Nuair a chaidh pàircean a dhèanamh den fhearann chaill mòran de na tuathanaich bhochda an talamh aca. Ghluais daoine a bh' air an dùthaich a-steach do na bailtean mòra airson obair a lorg. Dh'fhaodadh daoine biadh a cheannach leis an tuarastal aca. Ghluais mòran do na bailtean mòra an dùil ri tuarastal nas àirde. Bha iad cuideachd airson gum biodh dòigh-beatha nas fheàrr aca.

2. Thoir **tri** adhbair airson mar a bha daoine ann an Alba a' gluasad bhon dachaighean air an dùthaich a-steach do na bailtean mòra.

1: _____

2: _____

3: _____

3

Tha **Stòr C** ag innse mar a dhèilig an riaghaltas ris na Suffragettes a bhiodh a' sabaid airson an còirichean.

Stòr C

Chaidh mòran de na Suffragettes a chur don phrìosan. Chaidh cuid aca air stailc-acrais feuch am faigheadh an iomairt aca barrachd aire. An toiseach, bha mòran dhiubh sin air am biathadh an adhaigh an toil. Ach bha mòran den t-sluagh glè fhiadhaich gun robh seo a' tachairt. Ri tìde, thug lagh ùr cead don riaghaltas na boireannaich sin a leigeil a-mach agus an cur don phrìosan a-rithist nuair a bhiodh iad air an neart fhaighinn air ais.

3. Inns mu **dha** dhòigh anns am biodh an riaghaltas a' dèiligeadh ri Suffragettes a bhiodh a' sabaid airson an còirichean.

- 1: _____
- _____
- 2: _____
- _____

2

[Tionndaidh an duilleag

Ann an Ceistean 4, 5 agus 6 's e an cuspair rannsachaidh:

A' bhuidh a bh' aig obair anns na mèinnean guail air clann san naoidheamh linn deug.

Sgrùd am fiosrachadh sna stòran, agus freagair na ceistean a leanas.

Ann an **Stòr D** tha Sarah Gooder ag innse cò ris a bha e coltach a bhith ag obair ann am mèinn guail ann an 1840.

Stòr D

Is e dorsair a th' annam shìos ann am mèinn. Feumaidh mi a bhith ag obair gun sholas agus bidh an t-eagal orm. Tha na h-uairean fada agus cruaidh. Cha bhi mi idir a' cadal. Uaireannan bidh mi a' seinn nuair a bhios solas agam. Cha toil leam idir a bhith anns a' mhèinn.

4. Carson a tha **Stòr D** feumail mar fhianais ann a bhith a' rannsachadh na buaidh a bh' aig obair anns na mèinnean guail air clann san naoidheamh linn deug?

Beachdaich air dè **na dhà** de na h-abairtean seo a tha ceart.

- A** Is e bun stòr a th' ann
- B** Is e stòr leasaichte a th' ann
- C** B' e duine cloinne a bha ann 's a chunnaic, agus a bha ag obair ann am mèinn guail, a thuir seo
- D** Chaidh a sgrìobhadh le duine nach do rinn ach leughadh mu chlann a bha ag obair anns na mèinnean
- E** Chaidh seo a sgrìobhadh airson sealltainn na bha clann a' buannachd bho bhith ag obair ann am mèinn

Sgrìobh an **dà** litir cheart sna bogsaichean.

--	--

2

Tha **Stòr E** mu dheidhinn cò ris a bha cùisean coltach anns na mèinnean guail.

Stòr E

Tha mise a' toirt obair do mhòran chloinne mar dhorsairean anns na mèinnean agam. Mar as trice bidh dorsair sunndach, toilichte. Coltach ri clann eile de aois bidh e trang le gèam chloinne bige—a' gearradh bhioran no a' dèanamh mhodailean le crèadh. Bidh cuid fiù 's a' feuchainn ri litrichean a sgrìobhadh gu grinn air na dorsan le cailc.

5. Seall air **Stòran D** agus **E**. An uair sin lìon a-steach an clàr seo, a' cleachdadh **ceithir** pìosan de fhianais uile gu lèir.

<p>Dè tha Stòr D air <i>taobh duilleig a ceithir-deug</i> ag innse mu na buaidhean dona a bh' aig obair anns na mèinnean guail air a' chloinn a bha ag obair annta?</p>	<p>Dè tha Stòr E air <i>taobh duilleig a còig-deug</i> ag innse mu na buaidhean matha a bh' aig obair anns na mèinnean guail air a' chloinn a bha ag obair annta?</p>
<hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/>	<hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/>

[Tionndaidh an duilleag

Comharan

KU	ES
----	----

6. Coimhead a-rithist air na freagairtean a sgrìobh thu airson Ceist 5.

A-nis sgrìobh **dà** cho-dhùnadh a tha thu air tighinn thuige mu na buaidhean a bh' aig obair anns na mèinnean guail air a' chloinn a bha ag obair annta.

1: _____

2: _____

2	
---	--

[CRÌOCH COITHEACSA IB]

Tionndaidh a-nis don AON Choitheacsa a tha thu a' dol a fhreagairt ann an Aonad III.

[Tionndaidh an duilleag gu Aonad III Coitheacsa C air *Taobh-duilleag ceathrad*

Cuimhnich AON Choitheacsa a dhèanamh à Aonad III cho math ris an AON Choitheacsa agad à Aonad I.

AONAD III—SLUAGH AGUS CUMHACHD

COITHEACSA C: AN RUIS 1914–1941

Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Faodaidh tu an t-eòlas agad fhèin a chleachdadh cuideachd.

Feuch ris a *h-uile* ceist sa Choitheacsa seo a fhreagairt.

Tha **Stòr A** ag innse mu na buaidhean a bh' aig a' Chiad Chogadh air saighdearan na Ruis.

Stòr A

Tha an cogadh ga chur agus an t-sìde uabhasach fuar. Anns na batail mu dheireadh cha robh raidhfil aig an treas cuid de na fir. Tha na truaghain bhochda sin a' fuireach gu foighidneach gus an tèid cuid de na companaich aca a mharbhadh air am beulaibh is gum faigh iad an armachd a bh' aca. Tha mòran mhiltean marbh. Tha an t-arm againn ga bhàthadh ann am fuil.

1. Inns mu **dhà** dhòigh anns an robh saighdearan na Ruis a' fulang anns a' Chiad Chogadh.

1: _____

2: _____

Tha **Stòr B** ag innse mu na buaidhean a bh' aig a' Chiad Chogadh air saighdearan na Ruis ann an 1915.

Stòr B



“Tha gainne raidhfilean a’ ciallachadh bàs do mhiltean de shaighdearan Ruiseanach.”

2. Sgrìobh trì dòighean sa bheil **Stòran A** agus **B** ag aontachadh mu na buaidhean a bh' aig a' Chiad Chogadh air saighdearan na Ruis.

1. Tha **Stòr A** ag ràdh _____

agus tha **Stòr B** ag ràdh no a' sealltainn _____

2. Tha **Stòr A** ag ràdh _____

agus tha **Stòr B** ag ràdh no a' sealltainn _____

3. Tha **Stòr A** ag ràdh _____

agus tha **Stòr B** ag ràdh no a' sealltainn _____

Comharan

KU	ES
----	----

Tha **Stòr C** mu na rudan doirbhe a bh' air thoiseach air an Riaghaltas Shealadach san Dàmhair 1917.

Stòr C

Tha rudan glè dhoirbh air thoiseach air an Riaghaltas Shealadach. Chan eil an suidheachadh mu bhiadh dad nas fheàrr na bha e ron Tsar. Ann am Petrograd chan fhada a bhios grèim aig daoine ri ithe. Tha na factaraidhean uile air stailc. Tha dragh mòr air Kerensky is air ceannardan eile.

3. Mìnich carson a bha cùisean doirbh don Riaghaltas Shealadach mun àm a thàinig an Dàmhair 1917. Thoir **dà** adhbhar.

- 1: _____

- 2: _____

2

Tha **Stòr D** air a thogail bho òraid a thug aon de cheannardan nam Boilseabhach seachad san Dàmhair 1917.

Stòr D

Chan urrainn don Riaghaltas Shealadach càil a dhèanamh. Tha an luchd-tuatha sgìth de bhith a' fuireach airson an fhearainn a chaidh a ghealltainn dhaibh. Tha an t-arm a-nis air an taobh againne. Tha an riaghaltas air ùghdarras a chall. Tha an t-strì eadar an luchd-obrach agus na maighstirean air fàs nas miosa na bha e riamh. Tha an luchd-obrach a' toirt taic dhuinn.

4. Carson a tha **Stòr D** feumail mar fhianais air mar a chaidh aig na Boilseabhaich air a' chùis a dhèanamh air an riaghaltas ann an 1917?

Beachdaich air dè **na dhà** de na h-abairtean seo a tha ceart.

- A Tha e ag innse dhuinn nach robh luchd-taice aig na Boilseabhaich idir
- B Tha e ag innse dhuinn gun robh mòran a' toirt taic do na Boilseabhaich
- C Chaidh seo a ràdh airson misneachd a thoirt do na Ruiseanaich an Riaghaltas Sealadach a chumail
- D Is e duine a bh' ann 's a chunnaic, agus aig an robh fiosrachadh mu laigsean an Riaghaltais Shealadaich, a thuirte seo
- E Chaidh a ràdh le duine nach do rinn ach leughadh mun Riaghaltas Shealadach

Sgrìobh an **dà** litir cheart sna bogsaichean

--	--

2

[Tionndaidh an duilleag

Tha **Stòr E** mu cho doirbh 's a bha cùisean don luchd-tuatha san Ruis aig àm a' Chogaidh Chatharra.

Stòr E

Bha an t-Arm Dearg agus an t-Arm Geal fhathast a' cogadh ri chèile. Bha an t-ionad-margaidh sa bhaile làn de luchd-tuatha is mòran aca tinn. Thàinig orra tighinn a-steach don bhaile airson biadh is fasgadh a lorg. Bha iad uile ag ràdh "Aran, aran, ma 's e do thoil e, tha an t-acras oirnn". Bha mòran eile a' bàsachadh. Anns a' cheàrnaig chunnaic mi cuirp 's gun còmhdach air an uachdar.

5. Inns mu **thri** dòighean cudromach san robh buaidh aig a' Chogadh Chatharra air an luchd-tuatha san Ruis.

- 1: _____

- 2: _____

- 3: _____

3

Tha **Stòr F** a' sealltainn dealbh a chaidh a thogail aig àm a' Chogaidh Chatharra ann an 1920.

Stòr F



Luchd-tuatha Ruiseanach a' fannachadh leis an acras

6. Carson a tha **Stòr F** feumail mar fhianais mu chùisean san Ruis aig àm a' Chogaidh Chatharra?

Beachdaich air dè **na dhà** de na h-abairtean seo a tha ceart.

- A Is e bun stòr a th' ann
- B Is e stòr leasaichte a th' ann
- C Chaidh an dealbh a thogail le duine nach do rinn ach leughadh mun Chogadh Chatharra
- D Tha e a' sealltainn dhuinn gun robh na Ruiseanaich toilichte aig àm a' Chogaidh Chatharra
- E Tha e a' sealltainn dhuinn gun robh cùisean doirbh do na Ruiseanaich aig àm a' Chogaidh Chatharra

Sgrìobh an **dà** litir cheart sna bogsaichean.

--	--

2

[Tionndaidh an duilleag

KU	ES
----	----

Tha **Stòr G** air a thogail bho òraid a thug oifigeach Comannach seachad mun bhuaidh a bh' aig na Co-thuathanais.

Stòr G

Chan ann mar oifigear Comannach a tha mi a' bruidhinn ribh idir ach mar charaid. Tha mi glè chinnteach gum bi sibh toilichte ag obair còmhla air na Co-thuathanais. Tha mi a' làn-chreidsinn gum bi sibh a' toirt barrachd 's a b' àbhaist de bhiadh às an talamh. Tha mi a' gealltainn dhuibh gum bi sabhalan ùra agaibh airson ur beathaichean. Nì sinn cinnteach gun toir sinn tractaran dhuibh an àite nan each.

7. Ciamar a thuigeas tu gun robh an duine a thuirte seo a' smaoinichadh gur e rud math a bha anns na Co-thuathanais. Thoir **tri** adhbhair.

1: _____

2: _____

3: _____

3

Tha **Stòr H** mun bhuidh a bh' aig na Co-thuathanais.

Source H

Is e Stalin a thòisich Co-thuathanais an dèidh 1929. Bha milleanan den luchd-tuatha mì-thoilichte leis an atharrachadh seo. Chaidh mòran shabhalan a chur nan teine. Thuit àireamh nan each-treabhaidh gu mu leth. Cha robh tractaran ùra idir ann. Chleachd am poileas agus oifigearan Comannach làmhachas-làidir an aghaidh an luchd-tuatha. Bha biadh uabhasach gann.

8. Thoir **trì** dòighean anns nach eil **Stòr G** ag aontachadh ri **Stòr H** mun bhuidh a bh' aig na Co-thuathanais.

1. Tha **Stòr G** ag ràdh: _____

ach tha **Stòr H** ag ràdh: _____

2. Tha **Stòr G** ag ràdh: _____

ach tha **Stòr H** ag ràdh: _____

3. Tha **Stòr G** ag ràdh: _____

ach tha **Stòr H** ag ràdh: _____

3

[CRÌOCH COITHEACSA IIIC]

A-nis dèan cinnteach gun do rinn thu AON Choitheacsa à Aonad I agus AON Choitheacsa à Aonad III.

Cuimhnich AON Choitheacsa a dhèanamh à Aonad III cho math ris an AON Choitheacsa agad à Aonad I.

AONAD III—SLUAGH AGUS CUMHACHD


COITHEACSA D: A' GHEARMAILT 1918–1939

Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Faodaidh tu an t-eòlas agad fhèin a chleachdadh cuideachd.

Feuch ris a h-uile ceist sa Choitheacsa seo a fhreagairt.

Tha **Stòr A** mu na còirichean a bh' aig na Gearmailtich ann am Poblachd Weimar.

Stòr A



1. Innis mu **dhà** de na còirichean a bh' aig na Gearmailtich ann am Poblachd Weimar.

1: _____

2: _____

Tha **Stòr B** ag innse mu Phoblachd Weimar.

Stòr B

Bha bun-reachd ùr na Gearmailt gu bhith nas cothromaiche na gin eile san t-saoghal. Bhiodh Ceann-suidhe aice air a thaghadh leis an t-sluagh. Bhiodh a h-uile lagh air a dhèanamh ann am Pàrlamaid na Gearmailt ris an cante an Reichstag. Bhiodh cead bhòtaidh aig a h-uile inbheach Gearmailteach os cionn 20 bliadhna a dh'aois. Bhiodh cead aca cuideachd aonaidhean-ciùird a chur air chois.

2. Thoir **trì** dòighean sa bheil **Stòr A** ag aontachadh ri **Stòr B** mu Phoblachd Weimar.

1. Tha **Stòr A** ag ràdh: _____

agus tha **Stòr B** ag ràdh: _____

2. Tha **Stòr A** ag ràdh: _____

agus tha **Stòr B** ag ràdh: _____

3. Tha **Stòr A** ag ràdh: _____

agus tha **Stòr B** ag ràdh: _____

[Tionndaidh an duilleag

Chaidh **Stòr C** a sgrìobhadh le poileasman a bha an làthair aig Putsch an Talla Leanna ann an 1923.

Stòr C

Rinn na fir agamsa, leis na batain aca, an gnothach air na Nadsaidhean a thilleadh air ais bhon bhalla-bacaidh againn. An ath rud loisg aon de na fir aig Hitler orm mun cheann le daga ach cha do bhuail e idir mi. An uair sin thòisich na fir agamsa air losgadh air ais. Cha do mhair an losgadh ach beagan dhiogan mus do theich na fir aig Hitler.

3. Carson a tha **Stòr C** feumail mar fhianais air na thachair aig Putsch an Talla Leanna ann an 1923?

Beachdaich air dè **na dhà** de na h-abairtean seo a tha ceart.

- A** Tha e ag innse gun deach gu math le Putsch an Talla Leanna
- B** Tha e ag innse nach deach gu math le Putsch an Talla Leanna
- C** Chaidh a sgrìobhadh feuch am biodh na Gearmailtich a' toirt taic do na Nadsaidhean
- D** Chaidh a sgrìobhadh le fear a bh' ann 's a chunnaic na thachair aig Putsch an Talla Leanna
- E** Chaidh a sgrìobhadh le duine nach do rinn ach leughadh mu Phutsch an Talla Leanna

Sgrìobh an **dà** litir cheart sna bogsaichean.

--	--

2

Tha **Stòr D** ag innse carson nach deach gu math le Putsch an Talla Leanna.

Stòr D

Ann an 1923 bha Hitler dhen bheachd gun robh na Nadsaidhean làidir gu leòr airson an riaghalatas a ghabhail thairis. Nuair a bha na Nadsaidhean a' meàrsadh tro na sràidean chuir balla-bacaidh a chuir na poileasmain suas stad orra. Chaidh urchairean a losgadh is chaidh 16 Nadsaidhean a mharbhadh. Chaidh Hitler a chur an grèim.

4. Thoir **dà** adhbhar airson mar a dh'fhàillig Putsch an Talla Leanna.

1: _____

2: _____

2

[Tionndaidh an duilleag

Is e dealbh a tha ann an **Stòr E** a chaidh a thogail aig àm na h-atmhorachd mhòir ann an 1923.

Stòr E



Bha tuarastalan an luchd-obrach air an giùlan ann am basgaidean-anairt

5. Carson a tha **Stòr E** feumail mar fhianais air a' bhuaidh a bh' aig an atmhorachd mhòir ann an 1923?

Beachdaich air dè **na dhà** de na h-abairtean seo a tha ceart.

- A** Is e bun stòr a th' ann
- B** Is e stòr leasaichte a th' ann
- C** Chaidh a sgrìobhadh le duine nach do rinn ach leughadh mun atmhorachd mhòir
- D** Tha e a' sealltainn gun deach luach an airgid suas aig àm na h-atmhorachd mhòir
- E** Tha e a' sealltainn gun do chaill airgead a luach aig àm na h-atmhorachd mhòir

Sgrìobh an **dà** litir cheart sna bogsaichean.

2

Tha **Stòr F** ag innse mu cho doirbh 's a bha cùisean do na Gearmailtich aig àm na h-atmhorachd mhòir ann an 1923.

KU	ES
----	----

Stòr F

Mun àm a thàinig 1923 bha na Gearmailtich nan èiginn. Bha airgead pàipeir a-nis cha mhòr gun luach sam bith. A rèir coltais cha b' urrainn don riaghalatas stad a chur air an atmhorachd mhòir. Cha cheannaicheadh duine lof le nota-banca a b' fhiach 100 millean Marc. Dh'fheumte luchd-obrach a phàigheadh le basgaidean làn de airgead pàipeir.

6. Ainmich **trì** buaidhean cudromach a bh' aig an atmhorachd mhòir air mòran anns a' Ghearmailt.

1: _____

2: _____

3: _____

3

[Tionndaidh an duilleag

Chaidh **Stòr G** a sgrìobhadh le Gearmailteach òg a bh' aig cruinneachadh a chùm na Nadsaidhean ann an 1932.

Stòr G

Bha Hitler fadalach gun tighinn is bha sinn uile air bhioran a' fuireach ris. An ath rud nochd e air àrd-ùrlar ach is gann a b' urrainn dhomh fhaicinn. Còmhla ri 120,000 duine eile thog sinn ar làmhan dhan adhar a' cur urram air. Nuair a bha an òraid aige deiseil bha sinn uile ag èigheach le toileachas. Is e Hitler, gun teagamh, a shàbhaileas sinn.

7. Ciamar a thuigeas tu gun robh an duine a sgrìobh seo a' toirt taic do Hitler? Thoir **tri** adhbhair.

1: _____

2: _____

3: _____

3

Tha **Stòr H** ag innse cò ris a bha cruinneachadh Nadsaidheach coltach.

Stòr H

Bha tàlant aig Hitler airson a bhith a' bruidhinn ris a' phoball agus chaidh e timcheall na dùthcha a' bruidhinn ri cruinneachaidhean mòra. Gu tric bhiodh e fadalach gun tighinn gus gum biodh a h-uile duine air bhioran. Nuair a nochdadh e aig na cruinneachaidhean bhiodh ceòl airm ga chluich gu fuaimneach. Nuair a bhiodh e deiseil bhiodh an luchd-èisteachd ag èigheach, leis mar a bhiodh iad air bhoil.

8. Sgrìobh trì dòighean sa bheil **Stòr G** ag aontachadh ri **Stòr H** mu chruinneachaidhean Nadsaidheach.

1. Tha **Stòr G** ag ràdh: _____

agus tha **Stòr H** cuideachd ag ràdh: _____

2. Tha **Stòr G** ag ràdh: _____

agus tha **Stòr H** cuideachd ag ràdh: _____

3. Tha **Stòr G** ag ràdh: _____

agus tha **Stòr H** cuideachd ag ràdh: _____

[CRÌOCH COITHEACSA IIID]

A-nis dèan cinnteach gun do rinn thu AON Choitheacsa à Aonad I agus AON Choitheacsa à Aonad III.

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

ACKNOWLEDGEMENTS

Unit III Context C Source B—Photograph is reproduced by kind permission of Ria Novosti.

Unit III Context C Source F—Photograph is reproduced by kind permission of Ria Novosti.

Unit III Context D Source E—Photograph is taken from Page 31 of *People & Power: Germany 1918-1939* by Ian Matheson. ISBN 0 340 81439 X. Published by Hodder Gibson. Reproduced by permission of akg-images, London.

[DUILLEAG BHÀN]

FOR OFFICIAL USE
Markers please complete this grid.

Unit I		
	KU	ES
1		
2		
3		
4		
5		
6		
Total		

Unit III C		
	KU	ES
1		
2		
3		
4		
5		
6		
7		
8		
Total		

Unit III D		
	KU	ES
1		
2		
3		
4		
5		
6		
7		
8		
Total		